An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 110 (which corresponds to Litir 414). Ruairidh can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk.

Tha mi ag innse dhuibh an sgeulachd thraidiseanta "Diarmaid agus Gràinne". Tha i ceangailte ri Beinn Ghulbain ann an Gleann Sìdh. Theich Diarmaid le Gràinne. Ach bha ise fo ghealladh-pòsaidh do Fhionn.

Bha Gràinne air a dhol an aghaidh Dhiarmaid, ge-tà. Bha Diarmaid a' sabaid le Ciofach Mac a' Ghoill. Stob Gràinne sgian ann an cas Dhiarmaid.

Theich Diarmaid. Bha e beò air èiginn. Dh'fhàs fhalt. Dh'fhàs fheusag. Bha iad cho fada 's nach do dh'aithnich duine e. Chaidh e far an robh Gràinne agus Ciofach. Ach dh'aithnich Gràinne e. Thug Ciofach ionnsaigh air. Ach bha Diarmaid làidir. Mharbh e Ciofach. Agus theich e a-rithist.

Lean Gràinne air Diarmaid. Lorg i e. Bha an sgian a stob i na chois fhathast ann. Cha b' urrainn dha a toirt às. Tharraing Gràinne a-mach i. Bha eagal air Diarmaid gun robh Fionn a' dol ga lorg. Chùm iad a dol. Lorg iad allt. Thog iad taigh. Ach bha leapannan air leth aca.

Bha Diarmaid a' dèanamh shoithichean fiodha a-rithist. Bha na sliseagan a' dol sìos leis an allt. Latha a bha seo, bha Fionn a' sealg anns an sgìre. Chunnaic e na sliseagan.

"Is iad seo sliseagan Dhiarmaid," thuirt e.

"Chan iad," fhreagair càch. "Chan eil Diarmaid beò."

Glaodhaich iad. Fhreagair Diarmaid iad. Oir gheall e gun robh e a' dol fhreagairt glaodh na Fèinne an-còmhnaidh. Chaidh e sìos airson coinneachadh riutha. Choinnich e ri Fionn. Chuir Fionn dùbhlan roimhe. Bha Fionn fhathast ag iarraidh dìoghaltas. Dh'iarr e air Diarmaid an torc nimhe air Beinn Ghulbain a mharbhadh. Ghabh Diarmaid ris an dùbhlan.

Lean Diarmaid air an torc airson làithean. Mu dheireadh, fhuair e faisg gu leòr air airson a mharbhadh. Thill Diarmaid. Thuirt e gun do mharbh e an torc. Ach bha Fionn fhathast feargach is eudmhor. Bha fios aige gun robh aon laigse aig Diarmaid. Bha ball-dòbhrain aige air bonn a choise. Bha comas aig calg tuirc Diarmaid a mharbhadh. Bha sin le bhith a' briseadh a' bhuill-dhòbhrain. Chì sinn dè thachair anns an ath Litir.

* * * * *

Faclan is abairtean: Beinn Ghulbain ann an Gleann Sìdh: *Ben Gulabin In Glenshee;* bha ise fo ghealladh-pòsaidh do Fhionn: *she was engaged to Fionn;* bha e beò air èiginn: *he was only just alive;* dh'fhàs fheusag: *his beard grew;* cho fada 's nach do dh'aithnich duine e: *so long that nobody recognised him;* bha an sgian a stob i na chois fhathast ann: *the knife she [had] stuck in his leg was still there;* cha b' urrainn dha a toirt às: *he couldn't remove it;* gun robh Fionn a' dol ga lorg: *that Fionn was going to find them;* ach bha leapannan air leth aca: *but they had separate beds;* a' dèanamh shoithichean fiodha: *making wooden vessels;* bha na sliseagan a' dol sìos leis an allt: *the shavings were going down with the burn;* oir gheall e gun robh e a' dol fhreagairt glaodh na Fèinne an-còmhnaidh: *because he promised he was always going to reply to the call of the Fingalians;* airson coinneachadh riutha: *to meet them;* chuir Fionn dùbhlan roimhe: *Fionn set him a challenge;* dìoghaltas: *revenge;* dh'iarr e air Diarmaid an torc nimhe air Beinn Ghulbain a mharbhadh: *he asked Diarmaid to kill the wild boar of Ben Gulabin;* faisg gu leòr air airson a mharbhadh: *close enough to it to kill it;* feargach is eudmhor: *angry and jealous;* gun robh aon laigse aig Diarmaid: *that Diarmaid had one weakness;* bha ball-dòbhrain aige air bonn a choise: *he had a mole on the sole of his foot;* bha comas aig calg tuirc Diarmaid a mharbhadh: *a boar's bristle had the ability to kill Diarmaid;* le bith a' briseadh a' bhuill-dhòbhrain: *by breaking the mole.*

ends